



6.21

H. M. 176.

Typo. A. 759.





ORAN

DO'N MHNAOI UASAIL CHEANALTA,

BAN-TIGHEARNA SHIR TEARLAICH LOCKHART
NA LEARGA.

LE

DONNACHADH MAC-MHATH,

'AN RUTH-NA-H-AOIRINN.

GLASCHO:

CLOBHUAILTE LE GILLEASBUIG MAC-NA-CEARDADH.

1866.



O R A N .

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

Gu mu slàn do 'n mhnaoi uasail,
A thug fuasgladh 'am fheum dhomb,
'S e 'cridhe 'tha truacant',
'S gu mu buan dh'ise 'n oighreachd;
Air a sporan sìd' uaine,
Nach deachaidh cruaidh-shnaom 'n àm déirce;
'S ann aic' tha 'n làmh 'tha neo-thruaillidh
A thoirt naipe 'cuid féin as.

'S e bochdan na sgìreachd,
Dh'fhaodadh innseadh mar 'tha i,
'N uair 'bhiodh cruaidh-chàs 'n aon ni orr',
Cha 'n fheumtadh sgrìobhadh air paipeir,
Ach 'chur le briathran am bedil,
'S e b' fhearr a chòrdadh r'a nàdur';
'S i gu'n còmh'dadh o'n fhuachd iad,
'S a phàigheadh duais ris an tàilleir.

Ban-Tighearn' uasal Shìr Tearlaich,
'S e do shlàinte gu'n òlainn,
Ged bhiodh *gini* ri' phàidheadh,
Air son làn an stoip fheòdair,
A dh'uisge-beatha maith dùbailt',
Do shùgh glan an eòrna,
'S am fear nach cuireadh mu'n cuairt i,
Gu'n druidear suas air a chòmhladh.

Bhiodh taobh na lochdrach do' n chòmhlaidh,
 Ri a shròin gus an latha,
 Sinne 'gabhail ar n' òran,
 Fion us beòir 'g an cuir seachad,
 Coinnlean céir anns na lòchrain,
 Mar bu nòs 'bhi g'a chaitheamh,
 An *Hall* na Ban-Tighearna uasail,
 A shiolaich 'nuas bho Dhiùc *Leinster*.

Cha robh Diùc ann an Eirinn
 Ach e féin ann na aonar,
 'S sheas a mhac gus a bhàs
 Air son an àite 's a dhaoine,
 A thaobh cìsean Rìgh Deòrsa
 'Bha dol an còmhnuidh an daoiread,
 Ghabh an t-uasal so truas diubh,
 A thoirt nan truaghan á daorsa.

Cha bhi mise ag innseadh
 Ach an fhirinn mar thachair,
 'S e dh'fhàg Eirinn cho ìosal,
 Lagh na rìoghachd a bhi 'n Sasunn,
 O'n chaill iad an crùn,
 Cha 'n 'eil an cùisean 'g an tagradh,
 'S mar bhi 'n Diùc Earraghaeach ruadh,
 Gu'n robh e bh' uainn bho cheann fada.

Gur e 'rinn cùis do na h-Albannaich,
 Gu'n robh iad calm' 's nach do ghéill iad,
 Ged chaidh 'n crùn thoirt do Shasunn,
 Chaidh 'thoirt dhachaidh 'Dhunéideann,

Chaidh 's a' Chaisteal a ghlasadh
 Gus an làtha 'm biodh feum air,
 'N uair thainig 'n ceathramh Rìgh Deòrsa,
 Thug a mhòrachd-san géill dha.

Thug e'n tiodal 's an stoileadh
 Do gach oighre air ais dhoibh,
 Ghleidheadh fada so uapa,
 Ged a fhuair iad na fearainn;
 Fhuair an Diùchda *Montrose*
 Do na Gàedheil còir air an éideadh—
 B' fhearr na'm bucal sa bhròig leò
 Gu mòr bàrr na h-éille.

Gu mu buan 'bhios an stoileadh
 Do'n Bhan-oighre chluìtich,
 Sliochd na'n uaislean 'bha flathail,
 'S a dheanamh maith do an dùthaich,
 Mar bha Sir Alastair, 's 'Tearlach,
 Thug am bàs gus an ùir iad,
 Tha iad féin 'us Clann-Dòmhnuille
 Na'n luidhe còmhladh 'sa chrùiste.

B'iad sin Clann-Dòmhnuille na mòr-chuis,
 'S an robh an treòir anns a' chruadail,
 A sheasadh dileas an càirdean,
 Anns na blàir 's tric a bhuaidhaich;
 Gu tràigh Ghruineaird an Ile
 Chaidh na h-islean 's na h-uaislean,
 'N uair a ruig fir Chinn-tìre
 Chuir iad crìoch air an tuasaid.

Dh' fhàg iad Lachlunn Mòr Dhuairt
 'N a luidhe 's an àraich,
 'S iomadh treun-fhear d'a chinneadh
 Nach tionndadh 'n slinnean ri'n nàmhaid,
 Ged a chaill iad an lath' ud,
 'S iomadh batailt a bha iad,
 Ach bha 'bhuaidh aig na leòmhainn
 O'n ghearr Dòmhnall an làmh dheth.

'N uair a sgaoileadh iad bratach.
 Ris a ghathan a mèursadh
 Gu'm feumadh i diunnlaoch
 'Bhi g'a cumail an àirde:
 Fraoch nan gorm-bheann a' crathadh,
 'S am bradan a snàmh innt',
 Lamh-dhearg 's leòmhann gu còmhrag,
 Long fo sheòl 's crois-a'-tàradh.

Bhitheadh suaicheantas Alb 'iunt
 Le a dhealbh 'us a chumadh,
 Foghnann cruaidh a' chinn charaigheich,
 'S e 'chuid dhealg a tha guineach;
 Thig an ròs 'us an t-seamrag,
 'S iad ag amladh m'a dhuilleach—
 'N uair a chruinnicheas an campa
 Bidh iad ann mar aon duine.

Air thùs bidh mòrair Chloinn Dòmhnall
 'S Mac-Lèid bho Dhunbheagain,
 'S Mac-Mhic-Alastair Chnòdairt,
 'S cha bhi na Ròsaich air deireadh,



'S iomadh Dòmhnallach treubhach
 Theid fo fhéile 's fo bhreacan,
 Le nualan piob-mhòir
 A ni na còirean a sheasamh.

Do'n Mhac Oighr' tha na chiochran,
 Tha 'chàirdean lionmhor us làidir,
 Ann an Albainn 's an Sasunn,
 A thaobh athar 'us màthar;
 Bho Iarla *Moreton* 'bha cliùiteach,
 'Bha 'cur a' chrùin air a Bhàn-rìgh,
 'Se 'm mac so 'ghin bho na h-uaislean,
 'S cha bu suaraich' Sir Tearlach.

Tha Maighstir *Moreton* gu'r fàgail,
 Gu'm b' fhearr leinn e dh' fhuireach,
 Ach tha ionndrain aig càch air
 An Tìgh Pàrlamaid Lunnain;
 'N uair a ruigeas e'n uair so
 Bheir e fuasgladh dhuinn uile
 Bho'n daorsa 'm bheil truaghain,
 Bho na h-uachdrain a' fulang.

Mar a deanain uim' innseadh
 'S ann le dichuimhn' gu'n tnaiream,
 'S ged nach d' rugadh 's an rìoghachd-s' e,
 So, le firinn, duin' uasail—
 Mac an Iarla 'n robh mhòr-chuis,
 Phòs e 'n òigh 's i òg, uallach,
 'S fhuair e'n Learg' ann an còir leath',
 A rinn Clann-Dòmhnuille a bhuannachd.

'Dhaoin' uaisle gabhaibh mo leth-sgeul,
 'S ann rinn an deifir dhomh di-chuimhn',
 'S ann a chuimhnich mi 'n ceart-uair,
 An ni bu mhaith leam dhuibh innseadh,
 Mu'n Bhan-'Tighearna Dhòmhnullaich uasail,
 'G am bheil na buaghan ro lionmhor,
 Gnùis a's àill' 'sheall an sgàthan—
 'Thug i bho 'màthair a h-ìomhaigh.

Saoghal fada 's deadh phòsadh,
 Do'n òigh 'tha gun chéile,
 Rì Mac Iarla no Diùc,
 Le cùmhnant na cléir orr';
 'S iomadh truaghan 'tha 'g ùrnuigh,
 'Thug i crùintean do dhéirc dhoibh,
 Ris an Tì 'ghabh dhi cùram,
 'Us ri ùin' gheibh iad éisdeachd.

Bidh mi 'nis a' cur crìoch air—
 B' fhearr gu'n d' sgrìobh mi e'm Beurla—
 Cha tuig iad mo Ghàilig,
 Cha 'n eil stàth 'bhi 'g a leughadh,
 Ach a h-aon 'gheibh mearachd no cearr ann
 Cuireadh iadsan 'n cuid féin ris,
 M'as ann a mholadh nan uaislean,
 'S mi 'san uair sin 'bhios éibhinn.

A Thearlaich Mhic-Dhòmhnuille,
 Guidheam treòir dhuit 'us slàinnte
 O'n as dligheach a chòir dhuit,
 Co 'tha beò 'thig a'd àite;

Na'm b' e'n lagh neart a chlaidheamh,
'S gu'm fanadh am bàs uait,
Bhiodh tu 'm Bealach-a'-Ghearrain,
Mar bu mhaith le do chàirdean.

